


STORYWORLDS



# Na brògan seunta



Susan Akass • Jan Nesbitt

# Na brògan seunta



An teacsa Susan Akass  
Na dealbhan Jan Nesbitt  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Cha robh am Prionnsa Ivan idir toilichte.  
Bha mòran dhèideagan aige  
ach cha robh e airson cluich leotha.  
“Dè nì mi an-diugh?” thuir e.




Chaidh am Prionnsa Ivan far an robh  
a' bhànrigh.  
“An cluich sibh còmhla rium?” dh'fhaighnich e.  
“Cha chluich an-dràsta,” thuir a' bhànrigh.  
“Cuir ort do bhrògan agus fhalbh a-mach a chluich.  
Feuch gum bi thu ciallach!”



Chaidh am Prionnsa Ivan dhan phreas a dh'iarradh a bhrògan. Bha mòran bhrògan sa phreas, brògan dearga, brògan gorma, brògan uaine agus brògan buidhe.

Choimhead Ivan ri na brògan.

“Chan urrainn dhomh cluich agus brògan mar seo orm!” thuir e.



An uair sin thug e an aire dha bogsa dubh. Bha sgrìobhadh air a' bhogsa, 'Na fosgail'.

“Saoil dè tha seo,” ars am Prionnsa Ivan agus dh'fhosgail e am bogsa.

An sin sa bhogsa bha brògan annasach. “Seo a-nis brògan sgoinneil!” thuir e, agus chuir e air iad.






Thòisich am Prionnsa Ivan a' leum.  
 Suas agus sìos leum e, air feadh an rum.  
 'S e brògan seunta a bha seo.

“Ipi!” dh’èigh am  
 Prionnsa Ivan, agus  
 siud leum e a-mach air  
 an uinneig agus suas  
 gu mullach  
 a’ chaisteil.



Ach thog na brògan e thairis air balla a’ chaisteil.  
 “Cuidich mi!” dh’èigh e.  
 “Stadaibh a bhrògan!”





Ach cha stadadh na brògan.  
Leum am Prionnsa Ivan thairis air ballachan.  
Leum e thairis air taighean.  
Agus leum e a-steach dhan pholl.



Bha am Prionnsa Ivan a' gàireachdainn.  
“Càite an tèid sinn a-nis?” thuir e  
ri na brògan. “Nach tèid sinn suas  
gu mullach an tùir àird ud.”



Leum am Prionnsa Ivan gu mullach an tùir.  
Chunnaic e mòran dhaoine a' coimhead  
suas far an robh e. "Nach seall sinn dhaibh  
dè nì sinn," thuirt am Prionnsa Ivan.  
"Nach leum sinn chun an t-simileir ud."


Ach sa mhionaid a  
leum Ivan chun an  
t-simileir, thàinig  
sgòth mhòr de cheò  
dhubh a-mach  
às an t-similear.

Chan fhaiceadh am  
Prionnsa Ivan far an  
robh e a' dol agus  
thuit e sìos a bhroinn  
an t-simileir ...





... a-steach do phoit mhòir de dh'uisge fuar.




Dh'fheuch am Prionnsa Ivan ri faighinn a-mach,  
ach sùil gun tug e chunnaic e fuamhaire!

“Ho! Ho!” ars am fuamhair.

“Dè th' agam an seo? Saoil a bheil e math ri ithe?”





“Stad! Na ith mi!” ars am Prionnsa Ivan.  
“Siuthadaibh a bhrògan! Teicheamaid às an seo!”  
Leum Ivan a-mach às a’ phoit agus air ais suas  
an simleair.  
“Dhachaigh, a bhrògan, dhachaigh!” dh’èigh e.



Dìreach nuair a bha a’ ghrian a’ dol fodha leum  
am Prionnsa Ivan thairis air balla a’ chaisteil.  
Thàinig e a-nuas ri taobh na bànrigh.  
“Ivan! Càit an robh thu?” ars a’ bhànrigh.  
“Dh’iarr mi ort a bhith ciallach, ach seall do  
choltas!”



Fhalbh agus glan thu fhèin!”

Shuidh am Prionnsa Ivan an sin agus  
chuir e dheth a bhrògan seunta.

“Tapadh leibh, a bhrògan seunta,” thuirt e,  
“ach ’s fheàrr dhomh coiseachd air ais  
dham rum.”

Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ  
eurrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND  
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE  
IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Susan Akass 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2003 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte  
air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo  
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho  
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn  
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha Susan Akass a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh  
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 652 X